

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Làmh-sgrìobhainn Sìonach agus an t-Urr. Iain Ros

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 930. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 626 corresponds to Litir 930.

O chionn grunn bhliadhnaichean, sgrìobh mi agus dh’aithris mi mun Urramach Iain Ros. Bha e ainmeil mar mhiseanaraidh ann an Coirìa is Sìonaidh anns an naoidheamh linn deug.

Gheibhear lorg air a’ chunntas agam ann an Litrichean dà cheud seasgad ’s a naoi (269) agus dà cheud is seachdad (270).

Bhuineadh Ros do sgìre nam bailtean mara ann an Ros an Ear agus bha Gàidhlig aige mar chiad chànan. Bha a’ Ghàidhlig gu math làidir anns an sgìre sin aig an àm sin. ’S dòcha gun robh a dhà-chànanas na chuideachadh dha oir fhuair e obair mar mhiseanaraidh am measg muinntir Choirìa, gu h-àraidh an fheadhainn a bha a’ fuireach ann am Manchuria a tha an-diugh mar phàirt de Shìona. Dh’ionnsaich e Coirianais gu fileantachd ach **cha b’ e sin e** airson chànanan. Bha aona chànan deug aige. Bha e cho fileanta ann an Coirianais ’s gun do dh’eadar-theangaich e an Tiomnadh Nuadh don chànan sin.

Cha robh cùisean rèidh no furasta do mhiseanaraidhean Crìosdail ann an Sìona. Bha gu leòr dhen bheachd gun robh na miseanaraidhean a’ sparradh modhan cèin orra, agus gun robh iad mar phàirt de dh’iomairt airson na dùthchannan aca a cheannsachadh. Aig deireadh an naoidheamh linn deug bha Ar-a-mach nam Bogsairean ann. Chuir dùthchannan Siarach armailtean ann airson na Sìonaich a cheannsachadh.

Chaidh na mìltean de Chrìosdaidhean a mharbhadh anns an ar-a-mach. Chaidh an eaglais a stèidhich an t-Urr. Iain Ros a losgadh gu làr. Aig a’ cheann thall, thill Ros a dh’Alba agus chaochail e ann an Dùn Èideann. Ach tha e urramach is ainmeil ann an Coirìa is Sìona an-diugh.

Carson a tha mi a’ beachdachadh air Iain Ros? Tha, a chionn ’s gun do lorgadh làmh-sgrìobhainn Sìonach ann an Tasglann Eaglais na h-Alba ann an Dùn Èideann o chionn ghoirid. Tha i air a bhith anns an Tasglann airson ùine mhòr. Ach ’s ann dìreach o chionn ghoirid a chaidh a h-eadar-theangachadh.

Chaidh an làmh-sgrìobhainn a chur a-mach leis an Ìmpire Kuang Hsu an dèidh do dh’Ar-a-mach nam Bogsairean thighinn gu crìch ann an naoi ceud deug ’s a h-aon (1901). Bha an t-Ìmpire ag iarraidh air a’ mhòr-shluagh a bhith bàigheil ri Crìosdaidhean, gum fosgladh na h-eaglaisean às ùr agus gum biodh sìth ann. Tha an làmh-sgrìobhainn gu math cudromach mar fhianais eachdraidheil air na thachair aig an àm sin.

Ach bu chòir dhuinn a bhith a’ cuimhneachadh gur dòcha nach robh Kuang Hsu a’ cur an cèill a bheachd fhèin gun cuideigin eile a bhith a’ coimhead thar a ghualainn. Bha ochd dùthchannan an sàs ann a bhith a’ ceannsachadh an ar-a-mach – Breatainn, na Stàitean Aonaichte, an Fhraing, an Ostair-Ungaire, a’ Ghearmailt, an Eadailt, an Ruis agus Iapan – agus chuir iad còrr is caogad mìle saighdear an sàs.

An dèidh an ar-a-mach, nuair a bha sìth ann, bha Iain Ros an sàs ann an còmhraidhean le Riaghaltas Shìonaidh a thaobh eaglaisean Pròstanach fhosgladh às ùr agus a thaobh airgead-dìolaidh mu choinneimh na sgrìos a chaidh a dhèanamh. Mar sin, tha deagh sheans ann gur e a thug dhachaigh an làmh-sgrìobhainn seo a dh'Alba.

Bha na h-eaglaisean Pròstanach ann an Sìonaidh fosgailte an uair sin airson deicheadan, ach dhùin iad a-rithist anns na seasgadan is seachdadan. Ach 's e sgeul eile a tha sin.

* * * * *

Faclan na Litreach: fileantachd: *fluency*; An Tiomnadh Nuadh: *The New Testament*; Ar-a-mach nam Bogsairean: *The Boxer Rebellion*; armailtean: *armies*; deicheadan: *decades*.

Abairtean na Litreach: sgrìobh mi agus dh'aithris mi mun Urramach Iain Ros: *I wrote about and reported on the Rev. John Ross*; ainmeil mar mhiseanaraidh ann an Coirìa: *famous as a missionary in Korea*; sgìre nam bailtean mara ann an Ros an Ear: *the area of the seaboard villages in Easter Ross*; gu h-àraidh an fheadhainn: *particularly those*; a tha an-diugh mar phàirt de Shìona: *that is today part of China*; cha robh cùisean rèidh no furasta do mhiseanaraidhean Crìosdail: *matters weren't straightforward or easy for Christian missionaries*; a' sparradh modhan cèin orra: *forcing foreign practices on them*; mar phàirt de dh'iomairt airson na dùthchannan aca a cheannsachadh: *as part of a campaign to subdue their countries*; chaidh an eaglais a stèidhich X a losgadh gu làr: *the church that X established was burned to the ground*; a chionn 's gun do lorgadh làmh-sgrìobhainn Sìonach ann an Tasglann Eaglais na h-Alba: *because a Chinese document was found in the Church of Scotland Archives*; a chaidh a h-eadar-theangachadh: *that it [fem] was translated*; bha an t-Ìmpire ag iarraidh air a' mhòr-shluagh a bhith bàigheil ri Crìosdaidhean: *the Emperor was wanting the people to be positive towards Christians*; a' cur an cèill a bheachd fhèin gun cuideigin eile a bhith a' coimhead thar a ghualainn: *expressing his own opinion without somebody else looking over his shoulder*; chuir iad còrr is caogad mìle saighdear an sàs: *they sent more than fifty thousand soldiers*; airgead-dìolaidh mu choinneimh na sgrìos: *financial compensation for the damage*; dhùin iad a-rithist anns na seasgadan is seachdadan: *they closed again in the sixties and seventies*; 's e sgeul eile a tha sin: *that's another story*.

Puing-chànain na Litreach: Gheibhear lorg air a' chunntas agam: *my account is available/can be found*. Gheibhear is a future passive form of the irregular verb faigh/a' faighinn and literally means 'will be got', although it includes 'can be got'. It is extremely useful eg gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air an làraich-lìn 'more information can be obtained on the website'; gheibhear cuidhteas e air an òtrach 'it can be got rid of at the dump'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: cha b' e sin e airson chànanan: *that wasn't it [wasn't the entire story] regarding languages*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA